

annual report

1970

an comunn gaidhealach

LIBRARY OF ST. LUTHERAN
D
1 MR
1972
LUTHERAN UNIV

An Comunn Gaidhealach

(The Highland Association)

Headquarters

ABERTARFF HOUSE, CHURCH STREET, INVERNESS
Telephone No: 0436-31226

Glasgow Office

65 WEST REGENT STREET, GLASGOW, C.2
Telephone No. 041-332 1433

Stornoway Office

91 CROMWELL STREET, STORNOWAY
Telephone No. Stornoway 3487

Fear Stiuiridh

Director

D. J. MACKAY

Iar Fhear Stiuiridh

J. M. MORRISON

Runaire

Secretary

M. MACLEOD

ANNUAL REPORT

for year to 31st December 1970

Contents

PRESIDENTS AND SECRETARIES OF BRANCHES	5
AFFILIATED SOCIETIES	10
EXECUTIVE COUNCIL	11
REGIONAL COUNCIL AND COMMITTEES	12
ROIMHFHOCAL	13
OBAIR NAN COMHAIRLEAN	14
An Ard Chomhairle	14
Comhairle an Earail	16
Comhairle a Mhoid is a' Chiùil	16
Comhairle an Ionmhais	18
Comhairle a' Chlo-Bhualaidh is an Fhogluim	19
Comhairle an Ealdhain is a' Ghniomhachais	20
Comhairle Roinn a Chin a Tuath	20
Comhairle Roinn na h-Airde Deas	21
Iomradh an Luchd Dreuchd	22
REVIEW OF THE YEAR	23
APPENDIX 1	30
APPENDIX 2	32
BALANCE SHEET as at 31st December 1970	36
STATEMENT OF INCOME & EXPENDITURE	48
NATIONAL MOD, OBAN, Income & Expenditure Account	50
SUMMARY OF DONATIONS	52

Presidents and Secretaries of An Comunn Branches

NORTHERN AREA

- ABERDEEN**
President Mr James MacLeod.
Secretary Mrs Ann G. Draper, 41 Gilcomstoun Land, Aberdeen.
- AULTBEA**
President Miss Ann Munro.
Secretary Miss K. Matheson, Ach-na-Thearnaidh, Inverasdale, Achnasheen, Ross-shire.
- AVIEMORE**
President Mr C. M. MacLeod.
Secretary Miss M. W. Duff, Rathven, Aviemore.
- BEAULY**
President Mr K. Campbell.
Secretary Mrs J. Harris, 11 Pritchard Crescent, Beauly.
- BRORA**
President Mr Archie Macdonald.
Secretary Mr A. MacIver, 3 Carron Crescent, Brora.
- CROMARTY**
President Mr Murdo MacDonald.
Secretary Mrs C. A. MacKenzie, Laurel House, Cromarty.
- DINGWALL**
President Mr Donald J. MacLean.
Secretary Miss Jean Gammie, Kenmore, Ledarigid, Dingwall.
- DORNOCH**
President Mr W. G. Calder.
Secretary Mrs B. MacKee, 1 Braemar Terrace, Bishopfield, Dornoch.
- DURNESS**
President Mr George Campbell.
Secretary Mrs Agnes Clark, White Heather, Durness, Sutherland.
- ELGIN AND DISTRICT**
President Mr Peter MacInnes.
Secretary Miss W. Cruickshank, 70 South College Street, Elgin.
- FORRES**
President Dr H. M. Morgan.
Secretary Miss N. Macphee, c/o 3 Leslie Place, Forres.

President FORT WILLIAM
Secretary Mr James Henderson.
Mr J. Henderson, Sunny Brae, Corpach, Fort William.

President GOLSPIE
Secretary Mr Hugh Campbell.
Mr Neil Barron, 30 Lindsay Street, Golspie.

President GRANTOWN-ON-SPEY
Secretary Mr A. MacAulay.
Miss J. Grant, Anagach, Spey Bridge, Grantown-on-Spey.

President INVERNESS
Secretary Mr Neil MacDonald.
Mr D. G. McLachlan, St Margarets, 35 Southside Road, Inverness.

President KINGUSSIE
Secretary Mr A. I. MacLennan.
Mr M. Gillies, Court House, Kingussie.

President LAGGAN
Secretary Mrs Kenneth MacKay.
Mrs Cameron Robertson, Balgowan, Laggan.

President LEWIS
Secretary Mr K. D. Smith.
Miss Mary Martin, 15 Lurebost, Lochs, Lewis.

President NEWTONMORE
Secretary Mr D. J. Wilson.
Mr James Matheson, 35 Clune Terrace, Newtonmore.

President NORTH UIST
Secretary Mr John MacDonald.
Mrs Catherine M. Johnson, Craigard, Lochmaddy.

President PORTTREE
Secretary Mr D. Macmillan.
Miss A. MacPherson, 3 Budhmor, Portree.

President THURSO
Secretary Mr John D. Porter.
Mr Colin Stewart, Miller Place, Scrabster, Caithness.

President ULLAPOOL
Secretary Mr Murdo MacLean.
Mr John Buchanan, Schoolhouse, Ullapool.

SOUTHERN AREA

President ABERFELDY
Secretary Mrs Petrine Stewart.
Mrs M. Morris, 35 Chapel Street, Aberfeldy.

ABERFOYLE AND DISTRICT
President Mr J. MacGregor.
Secretary Mrs, R. McAdam, Drumtian, Balfroon Station, Stirlingshire.

ARRAN
President Mrs Murdina Currie.
Secretary Mrs May Thomson, Largie Mhor, Whiting Bay, Arran.

AUCHTERARDER
President Rev. Donald W. MacKenzie, M.A.
Secretary Mr James Houston, 12 Victoria Road, Auchterarder.

AYR
President Mr Kenneth A. Matheson.
Secretary Mr E. W. Thornton, 5 Barns Park, Ayr.

BLAIR ATHOLL AND STRUAN
President Rev. Donald Cameron.
Secretary Mr Jack Ferguson, The Garden House, Blair Atholl.

BUCHANAN
President Mr Macmillan.
Secretary Lady Bannerman, Old Manse, Balmaha, Drymen.

BUNESSAN AND PENNYGHAEL
President Mr Hugh Lamont.
Secretary Mrs Euphemia Kane, "Braa", Ardachy, Bunessan.

CORNAIGMORE
President Mr Malcolm M. MacLean.
Secretary

CRUACHAN
President Mr Kenneth Campbell.
Secretary Miss Barbara Boa, c/o Anderson, 5 Mossfield Drive, Oban.

CUMBERNAULD
President Mr Calum MacLeod.
Secretary Mrs M. Conlon, 1b Mossgiel Road, Cumbernauld.

DUMFRIES AND GALLOWAY
President Mr John Grant, M.A.
Secretary Mrs Cath. R. Johnston, Snowdrop Bank, 226 Annan Road, Dumfries.

DUNDEE
President Mr Frederick D. Graham.
Secretary Mrs Annella Boyd, 95 Beech Crescent, Broughty Ferry, Dundee.

DUNKELD
President Dr N. Morrison.
Secretary Mr Struan Stewart, Forrest Lodge, Dunkeld.

DUNOON
President Mr Archibald MacLachlan.
Secretary Mr Alex. P. Shaw, Milton Tower, West Bay, Dunoon.

EDINBURGH

President Mr Donald Montgomery.
Secretary Miss Isa Macmillan, 29 Drumsheugh Gardens, Edinburgh, 3.

FALKIRK

President Mr Lachlan Munro.
Secretary Miss Kathleen E. Reid, 19 Queens Street, Grangemouth.

GLASGOW

President Mr Calum D. Morrison.
Secretary Mr David Edgar, 79 Essex Drive, Glasgow, W.4.

GLENROTHES

President Mrs I. Hunter.
Secretary Mrs H. Riddell, 138 Elgin Drive, Glenrothes.

HILLFOOTS

President Mr Andrew Bennie.
Secretary Mrs Scobbie, 14 Glebe Crescent, Tillicoultry.

ISLAY

President Mr Donald MacKechnie.
Secretary Miss Effie Clark, "Achnamora", Port Charlotte.
Mrs G. MacPhail, "Dun Aluinn", Ballygrant, Islay.

KILLIN

President Mr G. C. Colmar.
Secretary Miss E. Walker, Corrie Cottage, Killin.

KILMARNOCK

President Rev. Arch. M. Beaton, T.D., M.A.
Secretary Mrs Jean Ferguson, 45 Cedar Road, Grange, Kilmarnock.

KINLOCH RANNOCH

President Mr A. Campbell.
Secretary Miss Morag MacGregor, Ardlarich, Rannoch Station, Perthshire.

KINROSS

President Mr A. Sneddon.
Secretary Mr Alexander Bayne, Jnr., Boreland, Cleish, Kinross-shire.

LARBERT

President Mr John MacLean.
Secretary Miss Mary A. Robertson, 43 Dundarroch Street, Larbert.

LARGS

President Mr T. Caldwell.
Secretary Mrs J. Stephen, 68 Millburn Gardens, Largs.

LOCHEARNHEAD

President Mr J. C. Ferguson.
Secretary Mrs K. Stewart, "Innishewan", Luib, Perthshire.

LOCHFYNESIDE

President Mr R. Gargan.
Secretary Miss Joan Robertson, 24 Glenfyne Park, Ardrishaig.
Mrs J. Ballantine, 10 Upper Glenfyne Park, Ardrishaig.

President LOCHTAYSIDE
 Mr Hugh Fraser.
Secretary Miss Ann Gardiner, Remony, Aberfeldy, Perthshire.

President LOGIERAIT
 Mr Charles MacDonald.
Secretary Miss Annie Dewar, Hillhead, Logierait, Ballinluig.

President MANCHESTER
 Mr Patrick D. Curley.
Secretary Mr Donald J. Munro, Roewoods, Birtles Road, Macclesfield, Cheshire.

President NORTH OF ENGLAND
 Mr John A. MacLeod.
Chairman Dr R. Campbell.
Secretary Dr Neil MacKichan, 59 The Drive, Tynemouth.

President OBAN
 Mr Alex. J. MacLeod, M.A.
Secretary Mr R. L. M. Banks, B.L., 19 Stevenson Street, Oban.

President PORT GLASGOW
 Mr Samuel MacLeod.
Secretary Mr William Robertson, 10 Brisbane Street, Greenock.

President SALTCOATS AND DISTRICT
 Mr Kenneth M. Finlayson.
Secretary Mr C. A. MacInnes, B.SC., A.R.I.C., 87 Sharpill Road, Saltcoats.

President STIRLING
 Mr Iain D. MacCallum.
Secretary Mrs Mary F. M. MacNicol, Ardbeg, Bridge of Allan.

President TOBERMORY
 Captain Malcolm Black.
Secretary Mr James Gallacher, Clydesdale Bank, Tobermory.

President VALE OF LEVEN
 Mr Murdo MacGregor.
Secretary Mr John Agnew, 18 Lansbury Street, Levenvale, Alexandria.

Affiliated Societies

Arran Society of Glasgow
Clan Cameron Association
Clan Donnachaidh Society
Clan MacLean Association
Clan MacNab Society
Clydebank & District Highland Association
Comunn an Taobh-an-iar
Comunn na Clarsaich
Comunn Tìr nam Beann, Dùn-éideann
Crieff & District Highland Association
Cumbernauld Gaelic Choir
Darlington Gaelic Society
East Kilbride & District Highlanders' Association
Edinburgh Argyll Association
Gaelic Society of Glasgow
Gaelic Society of Inverness
Glasgow Badenoch Association
Glasgow Gaelic Drama Association
Glasgow Gaelic Musical Association
Glasgow Hebridean Choir
Glasgow Islay Association
Glasgow Islay Gaelic Choir
Glasgow Jura Association
Glasgow Lewis & Harris Association
Glasgow High School Gaelic Class Ceilidh
Glasgow Skye Association
Glasgow Wester Ross Benevolent Association
Gourock Highland Association
Greenock Gaelic Choral Society
Greenock Gaelic Choir
Hamilton & District Highlanders' Association
Helensburgh & District Highland Association
Inverness Gaelic Choir
Kilmarnock Gaelic Choir
Knightswood & District Highland Association
Lewis Youth Clubs' Association
Lochalsh Gaelic Choir
Luss & District Highland Association
Manchester Gaelic Choir
Mid-Argyll Association
Mull and Iona Association
North Uist & Bernera Association
Oban Gaelic Choir
Paisley Highlanders' Association
Stirling Gaelic Choir
Stornoway Gaelic Choir
Tiree Association

EXECUTIVE COUNCIL 1970/71

Hon. President

Lady Bannerman of Kildonan, Balmaha.

ELECTED MEMBERS

President

Rev. Arch. M. Beaton, T.D., M.A., Dundonald.

Council

Elected from Northern Regional Council —

I. R. Mackay, *Vice-President*, Inverness.
D. J. MacCuish, Inverness.
Miss Kay Matheson, Inverasdale.
Tom MacIver, Evanton.
Miss Lucy Cameron, Caol.
John D. Porter, Halkirk.
Frank G. Thompson, Inverness.
Mrs Ann G. Draper, Aberdeen.
Duncan MacQuarrie, Inverness.
Archibald Macdonald, Golspie.

Elected from Southern Regional Council —

Roderick MacKinnon, *Vice-President*, Perth.
John A. MacDonald, Glasgow.
Rev. John MacDougall, Falkirk.
Calum D. Morrison, Glasgow.
Alex. P. Shaw, Dunoon.
Robin L. M. Banks, Oban.
Gilbert MacAllister, Dunoon.
Norman E. Macdonald, Motherwell.
Hamish Mackinnon, Seamill.
Murdo MacLeod, Edinburgh.

Representatives —

Treasurer W. N. Samuels, Corporation of Glasgow.
John A. Smith, Glasgow, Jordanhill Training College.
Donald MacAulay, Aberdeen, Celtic Departments of the Universities.
Provost R. MacLeod, Tobermory, Argyll County Council.
Ronald Macdonald, Inverness, Director of Education.
Donald Kennedy, Stornoway, Lewis and Harris District Council.
Mrs C. F. Rutherford, Helmsdale, Association of County Councils in Scotland.
Provost Donald Thomson, Oban, Educational Institute of Scotland.
Murdo Macleod, Bayble, Ross-shire County Council.

G. Harvey Maclean, Ayr, *Financial Adviser*.

Archie Fraser, Glasgow }
Miss May F. Hunter } *Conveners, Art and Industry Committee.*

REGIONAL COUNCILS 1970/71

Northern — Donald J. MacCuish (*Chairman*), Hume D. Robertson (*Vice-Chairman*), Miss Lucy Cameron, Alex. Fraser, Mrs C. C. Macdonald, Farquhar Macintosh, Tom MacIver, Mrs Ann Draper, I. R. Mackay, John Mathieson, Miss Kay Matheson, Archie Macdonald, A. MacAulay, Mrs V. Grant Washington, Father D. K. Keith, Dr J. A. MacLean, Murdo Campbell, D. MacLean, F. G. Thompson, H. MacRae, Co-opted, Duncan MacQuarrie, Mr J. Ross.

Southern — Roderick Mackinnon (*Chairman*), Calum D. Morrison (*Vice-Chairman*), Robin L. M. Banks, Robert Davidson, Dr A. A. Kirkland, Gilbert MacAllister, John A. MacDonald, Norman E. Macdonald, Rev. John MacDougall, Miss Flora Macfarlan, Calum A. MacInnes, Hamish MacKinnon, Calum MacLeod, Dr D. J. MacLeod, Murdo MacLeod, Miss May M. Macmillan, William E. Menzies, Lachlan Munro, Alex. P. Shaw, Provost Donald Thomson.

AREA COMMITTEES

Badenoch/Strathspey — Secretary: Rev. David K. Keith, St. Aidan's, Aviemore.

Clyde Valley — Secretary: Mr David Edgar, 79 Essex Drive, Glasgow, W.3.

South West — Secretary: Mr Calum A. MacInnes, 87 Sharphill Road, Saltcoats.

Pertshire and Angus — Secretary: Mr Roderick Ross, 23 Oakbank Road, Perth.

Argyll — Secretary: Mr Archie MacLachlan, Chislehurst, Hunters Street, Kirn, Dunoon.

COMMITTEES

Advisory — Rev. Arch. M. Beaton, D. J. MacCuish, Miss Kay Matheson, Alex. P. Shaw, Provost Donald Thomson, Roderick Mackinnon, I. R. Mackay, John A. Smith.

Finance — Alex. P. Shaw (*Convener*), D. J. MacCuish, I. R. Mackay, G. Harvey Maclean, President (*ex-officio*), Co-opted, R. L. M. Banks, Councillor C. Stewart Jackson, James W. Shankland.

Publication and Education — Roderick Mackinnon (*Convener*), Ronald Macdonald, Rev. John MacDougall, Farquhar Macintosh, I. R. Mackay, Dr J. A. Maclean, Donald Morrison, John A. Smith, James Thomson, Finlay MacNeill, John A. MacDonald, President (*ex-officio*). Co-opted, Norman E. Macdonald.

Mod and Music — Provost Donald Thomson (*Convener*), Miss Evelyn Campbell, Miss Lucy Cameron, Alex. P. Shaw, Calum D. Morrison, Rev. John MacDougall, John A. MacRae, Mrs Ann G. Draper, Rev. David K. Keith, Finlay MacNeill, President (*ex-officio*).

Representatives from Association of Gaelic Choirs — Ian M. Millar, James C. Sinclair.
Representatives from Mod Local Committees — R. L. M. Banks and Hugh Macintyre, Oban; A. MacCaskie and D. J. MacAulay, Stirling.

Art and Industry — Archie Fraser, Miss May F. Hunter (*Joint Conveners*), John A. MacDonald, Tom MacIver, Gilleasbuig MacLellan, Mrs Donald MacLeod, Miss May M. Macmillan, Miss Kay Matheson, Miss A. M. Gair, W. A. Aitken, President (*ex-officio*). Co-opted, Mrs I. Miller, Angus MacPhee, W. Gordon, Donald MacLellan.

Roimhfhacal – Foreword

Annas na duilleagan a tha a' leantainn so chì sibh gu soilleir mar a shoirbhich leis a' Chomunn ré na bliadhna so a chaidh ann a bhith a' brosnachadh Gaidheil is eile gu bhith cumail ar cànan slàn is fallain.

Nam bheachdsa, co dhiùbh, theirinn gu bheil e air dòigh àraidh ceart gum biodh fios aig na h-uile air an dilseachd leis a bheil cuid 'nar measg a' saothrachadh as leth na Gàidhlig.

A 's t-samhradh so chaidh, an uair a bha móran choigreach air chuairt 'sa' Ghaidhealtachd, chum àireamh de Mheuran céilidhean anns na tighean-òsda. Eadar ceòl, òrain, dannsadh, agus gun teagamh le bhith a' caitheamh an tartain, thug luchd-na-céilidh do na coigrich dearbhadh gu bheil aig na Gaidheil dileab nach còir a chleith no a chall.

Rinneadh, cuideachd, obair mhath 'sa' bhliadhna anns na sgoilean-samhraidh an Leódhas 's an Inbhirnis agus tha sinn fad an comain an luchd-teagaisg a bha air ceann cùisean an sin.

Mar an ceudna tha e freagarrach gum biodh fios againn uile cho fad 's a tha sinn an comain seirbhiseach a' Chomuinn an Glaschu, Inbhirnis, agus Steòrnabhagh. Tha móran an crochadh air an dealas leis a bheil iadsan a' sealltainn as déidh cùisean a' Chomuinn bho latha gu latha.

Am meadhon an t-samhraidh chaidh Iain Murchadh Moireasdan a shuidheachadh mar Iar Fhear Stiùiridh 'san oifis an Steòrnabhagh agus 's e ar dùrachd gun soirbhich gach cùis gu math leis 'sa' cheann sin.

Bha sinn dùilich dealachadh ri ar Fear Stiùiridh, Dòmhnall Iain MacAoidh, aig deireadh na bliadhna, oir tha sinn ro-mhothachail air an obair luachmhor a rinn e ré nan cóig bliadhna 'san robh e 'san àrd dhreuchd — cóig bliadhna 'san robh e gun tàmh a' sgrùdadh thall 's a bhos air son stait nas urramaiche a chosnadh d' ar cànan ann an sùilean an riaghaltais is buidhnean de gach seòrsa.

Tha sinn fìor thoilichte gun d'fhuaras gaisgeach eile a tha sinn an dòchas a chuireas air adhart an obair a thòisich Mgr. MacAoidh — 's e sin Tormod Burns. Tha esan a' tòiseachadh leinn a dh'aithghearr agus 's e mo dhùrachd gun toir gach neach aig a bheil ùidh 'sa' Ghàidhlig a h-uile cuideachadh dha 'san obair ris a bheil e a' cur a làimh.

Chì sibh an so mar a thàinig an t-ionmhas a steach agus mar a chuireadh a mach e. Nan robh ionmhas an uiridh againn bho chionn fichead bliadhna air ais, theireamaid gum bu bheartach An Comunn. Ach, an diugh, le cosgaisean a' sìor dhol an àird, 's ann le éigin tha dol againn air ar cosgaisean a choinneachadh. Rinn muinntir an Obain obair shònraichte mhath an uair a thrus iad còrr is £10,000 air son a' Mhòid aca agus le bhith a' dèanamh sin, sheall iad do dh'iomadh àite eile gu dé a ghabhas dèanamh nuair a chuireas eadhon buidheann nach eil mór an cridhe, an inntinn 's an neart 'san oidhirp.

'S e mo dhùrachd gun cuir iomradh nan duilleagan a leanas buill a' Chomuinn a dh'obair gu dìcheallach as leth oighreachd nan Gàidheal.

GILLEASBUIG PEUTAN.

Obair nan Comhairlean

AN ARD CHOMHAIRLE

Coinneamhan. Chumadh còig coinneamhan anns a' bhliadhna. Aig a' cheud choinneamh ghabhadh ri sanasan air rùin gu atharrachadh a dhèanamh air a' Bhonn-stéidh aig a' Choinneamh Bhliadhnail agus chuireadh a steach ainm an Urr. Gilleasbuig M. Péutan gu bhith 'na Cheann Suidhe air son bliadhna eile.

Na h-Eileananan. A réir rùin-obrach A' Chomuinn a chuireadh a mach bho chionn dà bhliadhna dh'aontaicheadh gu feuchamaid ri obrachadh troimh chomuinn agus buidhnean ionadail 'san dol a mach. Mar sin cho-oibrich am Fear Stiùiridh le Còmhlain Oigridh, Ard Chomhairle Comunn nan Croitearan, Comunn Leasachaidh Leódhais, is Comunn Seirbhis do'n t-sluagh. Thugadh aire dhaoinne a dh'ionnsaigh a' chànan le Sgoil Shamhraidh a chumail ann an Steòrnabhagh agus Campa Comunn na h-Oigridh air a' Bhac.

Teagaisg Ceòl na Gàidhlig. Rinneadh tagradh ris an G.T.C. gu luchd teagaisg ciùil gun barantas-teagaisg a cheadachadh anns na sgoilean is dh'aontaicheadh gabhail ri luchd-teagaisg le eòlas air ceòl na Gàidhlig.

Comuinn Oigridh. Stéidhicheadh Comunn Oigridh ann an Inbhirnis anns a bheil còrr is 80 ball. Rinneadh oidhirp air Comunn a chur air bonn an Steòrnabhagh ach cha deachaidh leis a chionn nach robh cuid leis.

Bord Leasachaidh na Gaidhealtachd. Bha na céilidhean a chuireadh air adhart 'nam meadhon air eòlas air ar cànan 's ar dualchas a chraobh-sgaoileadh nas fharsainghe.

Iar Fhear Stiùiridh. Shuidhicheadh Iar Fhear Stiùiridh as t-fhoghar an àite Dhonnchaidh MhicLeòid, a leig dheth a dhreuchd mar Fhiosraiche. Tha Mgr. Iain M. Moireasdan, an Iar Fhear Stiùiridh, air a shuidheachadh ann an Steòrnabhagh gu obair a chur air adhart anns na h-eileanan.

Fear Stiùiridh. B'ann le mór dhuilgheadas a ghabhadh ris an t-sanas gu robh Dòmhnall Iain MacAoidh a' toirt suas na dreuchd aig deireadh na bliadhna. Fad còrr is còig bliadhna shaothraich e gu cruaidh agus gu h-éifeachdach gus ar cànan is ar dualchas a neartachadh anns gach ceàrn, chuir e 'n céill gu robh sùim aig A' Chomunn anns gach nì a tha buntainn ri teachd-an-tìr agus caitheamh-beatha an t-sluaigh anns a' Ghaidhealtachd agus thug e suidheachadh ar cànan gu aire an riaghaltais agus dhùthchannan eile. The na buill a' guidhe dha gach soirbheachadh 'na dhreuchd ùr.

A' Choinneamh Bhliadhnail. Ghabhadh ri rùn gu Cis Buill nam Meur a bhith aig 10/- sa' bhliadhna, an 10/- air son gach ball gu bhith air a chur chun A' Chomuinn, agus cead a thoirt do gach Meur an cis ionadail fhéin a roghnachadh. Dh'àrdaicheadh cis buill oigridh gu 5/-.

Ghabhadh ri rùn àireamh nam ball air an Ard Chomhairle as an dà Roinn àrdachadh bho 5 gu 10, nì a tha ciallachadh gum bi barrachd Mheuran air an riochdachadh.

Còmhhdail nam Meur is na Comuinn Dhàimheil. Chumadh Còmhhdail le deagh àireamh riochdairean is bhall an làthair 'san Oban 'sa' Ghibliin. A thuilleadh air na h-aithisgean àbhaisteach labhair an t-Urr. Gwyndaf Evans air adhartas na Cuimris 'san leth-cheud bliadhna a chaidh seachad agus an t-Ollamh Dòmhnall I. MacLeòid, Roinn na Gàidhlig an Oilthigh Ghlaschu, air rùn a thaobh na Gàidhlig anns na deich bliadhna air thoiseach oirnn.

Diùnaich a dh'fhalbh. Thàinig call air aobhar na Gàidhlig, ar dualchas, agus math na dùthcha ri linn bàis bhall. 'Nam measg bha Dòmhnall Grannd, a bha 'na Cheann Suidhe air A' Chomunn — bàrd, sgrìobhaiche is actair, is ball comasach air comhairlean A' Chomuinn. Bu mhór 's bu mhath an obair a rinn e a' deasachadh leabhraichean-leughaidh do'n chloinn.

Chaochail Mórág C. Edgar a bha uair-eigin 'na h-Iar Cheann Suidhe is 'na Bean Ghairme air Comhairle a' Ghnìomhachais is an Ealdhain, is 30 bliadhna 'na ball de Chomhairle an Ionmhais. 'Na latha cha robh na b'fheàrr air cruinneachadh airgead do'n Chomuinn.

Bha e 'na chall mór do'n dùthaich is do'n dualchas gun do chaochail Alasdair MacCoinnich a bha gu chionn ghoidid 'na bhall Parlamaid aig Siorrachd Rois. Bha e measail aig daoine agus an còmhnaidh éudmhor as leth ar cànan agus cor an t-sluaigh.

Chuir an Comunn eòlas air Dòmhnall MacNeacail mar Rùnaire air a' Mhòd Nàiseanta an Glaschu an 1967. Bho'n uair sin shaothraich e gu dileas 'na Rùnaire air Comunn na Dràma Ghàidhlig an Glaschu, 'na Iar Cheann Suidhe air a' Chomunn Sgitheanach, agus 'na bhall de Chomhairle Roinn na h-Airde Deas.

Chailleadh duin' uasal aig an robh ùidh is speis 'nar dualchas ri linn bàis an Urr. Iain MacAoidh. Aig aon àm bha e 'na bhall de'n Ard Chomhairle agus de

Chomhairle a' Chraobh-sgaoilidh.

Bidh sinn 'gan caoidh 's 'gan ionndrainn.

Airgiod 1970

Ged a bha £2082 air fhagail aig dìreadh na bliadhna cha b'è airgiod tioram a bha ann. 'S ann a tha so ma choinneamh leabhraichean agus stoc ann an Oifis Ghlaschu is Inbhir Nis. Tha dha uidhir air tighinn a steach air cisean am bliadhna agus £10,455 ann an tiodhlacan. Tha sinn fo chomain nam buidheann a tha faicinn iomchuidh cuideachadh a thoirt dhuinn. Bha cosgais na bliadhna caran mar a bha a' bhliadhna an uiridh ma chothromaichear iad aig dà mhios dheug an aite naoi. Thainig £25,575 a steach air a bhliadhna agus bha £23,493 de chosgais air A' Chomunn.

COMHAIRLE AN EARAIL

Chumadh trì coinneamhan de'n Chomhairle ann an 1970.

B'e'n cuspair bu chudthromaiche a bh'air beulaibh nam ball beachdachadh air àite Fir Stiùiridh a lionadh nuair a thug Mgr. Dòmhnall I. MacAoidh sanas-sgriobhte an déidh a' Mhòid gu robh e a' toirt suas a dhreuchd aig deireadh na bliadhna. Rinn a' Chomhairle gach ullachadh gu Fear Stiùiridh ùr fhaotainn is chuir iad an co-dhunaidhean air beulaibh na h-Ard Chomhairle. A thuilleadh bheachdaich a' Chomhairle air an obair ris am bi An Comunn a' strìth air son na h-ath chóig bliadhna. Tha 'san rùn gu feumar barrachd sheirbhiseach gu obair a chur air adhart an co-bhonn ri comhairlean is comuinn anns gach cearnaidh de'n dùthaich.

Thugadh sùil air riochd A' Chomuinn mar a tha e'n dràsda, mholadh ciamar bu chòir dha a bhith agus dé bu chòir do na trì oifisean a bhith a' dèanamh.

COMHAIRLE A' MHOID IS A' CHIUL

Chumadh seachd coinneamhan de'n Chomhairle.

Meal an naidheachd. Tha sinn a' cur meal an naidheachd air Fear Gairme na Comhairle air an do chuireadh urram an O.B.E. aig toiseach na bliadhna.

Am Mòd Nàiseanta, An t-Oban, 1970. Thug àireamh nan co-fharpaiseach, gu h-àraidh am measg na cloinne, bàrr air gach Mòd a chumadh riamh. Mar sin bha e feumail gun do dh'aontaicheadh roimh làimh dà latha làn a bhith aig a' chloinn. Tha suas ri 400 a bharrachd a' feuchainn 'san dà latha na tha'n ceithir latha nan inbheach. Bheachdaich a' Chomhairle air Mòd air leth a chumail air son na cloinne uair-eigin eadar a' Cuàisg is an t-Sultain ach le deuchainnean sgoile mòdan ionadail is saor-làithean a tha ré na h-ùine sin thainig iad chun a' cho-dhunaidh nach bidh e comasach am Mòd a chumail aig an àm sin de'n bhliadhna.

Air son na dara bliadhna an déidh a chéile choisinn neach a dh'ionnsaich a' Ghàidhlig Crùn na Bàrdachd is tha sinn a' cur meal an naidheachd orra. Aig an aon àm bu mhath leinn co-fharpaisean Litreachais, gu h-àraidh co-fharpaisean nan inbheach, a thoirt gu àire luchd na Gàidhlig a th'air feadh na dùthcha. Eadar sgrìobhadh rosg, bàrdachd, dealbhan-cluich, is fuinn òran tha rud ann air son gach càil agus duaisean math 'nan cois.

Tha a' Chomhairle fada an comain companaidh Iain Player a thug cuideachadh airgid am bliadhna a rithist air son a' Mhòid is gu h-àraidh duaisean pìobaireachd nan inbheach.

Bha fìdhleirean a iomadh ceàrnaidh de dh'Alba cruinn còmhla air feasgar Di-sathairne agus thug iad toileachadh do'n chuideachd mhór a bha ag éisdeachd riutha.

Gu mì-fhortanach 's e aon dealbh-chluich a chuireadh air clàr. Tha ar taing aig sgioba Dhun-éideann a ghnìomhaich "MacBeth". An ùine nach bi fada tha sinn an dòchas gum bi an dà sgioba as fheàrr bho Fhéisean Dràma aig Tuath is Deas a' feuchainn aig a' Mhòd, rud a bhios 'na bhrosnachadh do'n luchd-cluich as gach ceàrn.

Tha e iomchuidh taing a thoirt do Mhórag NicLeòid a thug òraid inntinneach eile dhuinn air Orain Ghàidhlig.

Chan eil àite eile cho fhreagarrach air son a' Mhòid Nàiseanta ris an Oban gu h-àraidh a nis le tallachan cruinn còmhla 'san aon cheàrn de'n bhaile. Feumar taing a thoirt do luchd-riaghlaidh a' bhaile a thug aoidheachd do bhuill na h-Ard Chomhairle is na Comhairle Ionadail, do'n Chomhairle Ionadail fhéin a shaothraich cho dealasach fad dà bhliadhna, do Chomhairle Math an Fhearainn air son Féisd shòghmhor ullachadh air son 500, is do'n Bh.B.C. a chraobh-sgaoil earrannan bho'n Mhòd air reidio is telebhisean.

Am bliadhna a rithist tha sinn an comain Comhairle Aitreabh nan Gaidheal a thug cuideachadh airgid do chòisirean na cloinne a bha feuchainn aig a' Mhòd. Tha sinn mothachail air an obair mhór a tha luchd-teagaisg Gàidhlig is Cùil a' dèanamh ag ullachadh chòisirean is co-fharpaiseach is bu mhath nam biodh barrachd cloinne a' tighinn as na h-Eileanan uile.

Chuireadh loinn air seirbhis Crùnadh a' Bhàird leis an éideadh ùr shealltanach a thug Fionnlagh MacRath, Cinn a' Ghiùsaich, mar thiodhlac do'n Chomunn. Tha ar taing aig Mgr. MacRath air son ùidh is fhialaidheachd.

Tha uidhir de Chupanan, Sgiathan is eile aig a' Chomuinn air son nan co-fharpaisean is gu bheil e glé dhuilich àite a lorg do dh'fheadhainn ùra. Fhuair eadh dà Cupan — aon bho'n Mhnaoi-phòsda Mair (Cupan Bhail' A' Chaolais) agus Cupan eile bho Bhanca na h-Alba 'san Oban.

Am Mòd Nàiseanta, Sruighlea, 1971. Tha a' Chomhairle Ionadail air a bhith ag obair gu dìcheallach bho chionn còrr is bliadhna a' cruinneachadh airgid is ag ullachadh fa chomhair a' Mhòid. Chan eil teagamh nach eil soirbheachadh a' leantainn an cuid saothrach agus tha iad fìor airidh air gach cuideachadh as

urrainn do chàirdean ar cànan is ar dualchais a thoirt dhaibh.

Am Mòd Nàiseanta, Inbhirnis, 1972. 'S ann leis an treas oidhirp a fhuair Meur a bheireadh cuireadh do Mhòd 1972 agus gu dearbh tha sinn buidheach do Mheur Inbhirnis a dh'fhiathaich am Mòd do'n bhaile oir chan eil ach ceithir bliadhna bho'n bha am Mòd mu dheireadh ann an Inbhirnis is tha sinn a dòchas gu faigh iad an cul-taic air a bheil iad làn airidh.

Co-fharpais ùr. Tha co-fharpais seinn 'san t-seann nòs a' tòiseachadh aig Mòd na-h-ath bhliadhna le Aigeallan Oir, mar chuimhneachan air a' Bhean-phòsda Màiri NicLaomainn nach maireann, do'n fhear 's do'n té a bheir a mach a' cheud duais. Feumaidh na co-fharpaiseach dà òran a sheinn, aon a chuirear romhpa agus òran a roghnaicheas iad fhéin. 'S e Iain agus Alasdair MacGilleathain, mic na té nach maireann, a thug airgead do'n Chomunn gus a' cho-fharpais a chur air adhart.

COMHAIRLE AN IONMHAIS

Choinnich a' Chomhairle ceithir uairean, chumadh coinneamh an co-bhonn ri Comhairle an Earail, agus téile còmhla ri Comhairlean an Earail agus Mòd is Ceòl.

'S e cion airgead tioram gu obair A' Chomuinn a chur air adhart 'san fhar-saingeachd a bha fa chomhair nam ball fad na bliadhna. Chaidh suidheachadh airgid A' Chomuinn a chur an céill do riochdairean bho Mheuran is Comuinn Dhàimheil aig coinneamhan 'san dà roinn aig toiseach an t-samhraidh. A thuilleadh air airgead tha a dhith air a' Chomhairle gun dèan Meuran is Comuinn Dhàimheil làn oidhirp gu buill ùra a thrusadh, ni a neartaicheadh An Comunn ann an iomadh dòigh. Tha Ruairidh MacAoidh air cùl na h-oidhirp gu buill ùra fhaighinn agus bu mhath leis nan cuidicheadh gach ball de'n Chomunn.

Tha mu thuaiream £3,000 gann gus na cùntasan a chothromachadh agus le tuilleadh oidhirp le Meuran agus am Mòd Nàiseanta a bhith air a cheann fhéin thatar am beachd gu faighte na dh'fhóghnadh gun a bhith an eiseimeil iosad bho'n bhanca le riadh trom ri phaidheadh.

An co-bhonn ri Bòrd Leasachaidh na Gaidhealtachd chuireadh céilidhean air adhart anns na h-eileanan ré an t-samhraidh. A réir gach iomradh a fhuair chòrd iad ris an luchd-turuis agus bha iad buannachdail. Cha robh an so ach toiseach tòiseachaidh agus le làn oidhirp an tuilleadh àitean bu chòir còrr is £1,000 a thogail gach bliadhna. Tha coinneamh 'ga suidheachadh ri Comunn nan Còmhlan Phìobairean gu beachdachadh air co-oibreachadh gu céilidhean is cur-seachad a chur air adhart do luchd-turuis, ni a bhiodh 'na bhuannachd do'n dà Chomunn.

Rinn Comhairle Ionadail a' Mhòid 'san Oban oidhirp ionmholt a còrr is

£10,000 de bhuanachd an Cùntas a' Mhòid. Cha robh dùil ach ri £6,000. A dh'aindeoin so tha airgead fhathast gann agus dh'aontaicheadh tagradh a dhèanamh ri Roinn an Fhoghlum air son £5,000 a thoirt do'n Chomunn gu cuideachadh le cur a mach leabhraichean a mhàin.

COMHAIRLE A' CHLO-BHUALAIDH IS AN FHOGHLUM

Choinnich a' Chomhairle seachd uairean ré na bliadhna.

Faclair. Bha deasachadh an fhaclair fo aire na Comhairle aig gach coinneamh agus thugadh togail mhór do na buill an uair a fhuairleadh tairgse bho Collins, luchd-deasachaidh leabhraichean, gun cuireadh iadsan a mach am faclair air an cosgais fhéin. Tha deasachadh an taoibh, Beurla gu Gàidhlig, aig ìre mhath ach bha an earrann Gàidhlig gu Beurla ri dheasachadh. Dheasaich buill Comhairle Luchd-teagaisg na Gàidhlig (Central Gaelic Committee, E.I.S.) faclair Gàidhlig gu Beurla agus air iarrtas na Comhairle dh'aontaich iad am faclair so a chur a mach fo'n aon chòmhdach ris an fhaclair eile. Tha mòran obrach ri dhèanamh fhathast mun toir an luchd-deasachaidh geur-shùil air an làmh-sgrìobhainn. Tha a' Chomhairle glé fhada an comain Collins, Comhairle an Luchd-teagaisg, agus an Luchd-deasachaidh as iomadh ceàrnaidh de'n dùthaich.

Clo-bhualaidhean Ura. Cha deachaidh aig a' Chomhairle le cion airgid air aon leabhar a chur a mach fad na bliadhna ach a mhàin gun do chlà-bhualadh a rithist "Ceum air Cheum", leabhar leasan air a bheil féill. Dh'aontaicheadh Gràmair Mhic Ille Ruaidh (Reid's) ath-chlà-bhualadh is leasan Gàidhlig a bha'n "Sruth" a chur a mach an leabhar leotha fhéin fo'n ainm, "Bruidheamaid Gàidhlig."

Dheasaich Fear Gairme na Comhairle leabhar leasan 'san t-sreath, "Teach Yourself Series," leabhar a bhios air leth feumail do luchd-ionnsachaidh an uair a thig e 'm follais.

Sruth. A dh'aindeoin gach oidhirp a rinneadh gu àireamh luchd-leughaidh a' phaipear-naidheachd a leudachadh agus le cosgaisean cur a mach a' phaipear a' sior dol am meud b'fheudar sgar 'ga chur a mach leis fhéin. Rinn am Fear Stiùiridh còrdadh ri Fear-deasachaidh paipear Steòrnabhaigh (Stornoway Gazette) roinn de'n phaipear fo'n ainm, Sruth, a bhith air a chur a mach an luib a' Ghaset bho thoiseach na h-ath bhliadhna. Tha a' Chomhairle glé fhada an comain an luchd-deasachaidh a shaothraich gu cruaidh suas ri ceithir bliadhna a' cur a mach a' phaipear. Rinn iadsan agus am paipear feum mhór do dh'aobhar na Gàidhlig is ar dùthcha nach ceannaich airgead. 'San dreach ùr ruigidh Sruth còrr is 12,000 dachaidh.

Sgoil Shamhraidh. Chumadh Sgoil Shamhraidh Ghàidhlig a bha air leth soirbheachail ann an Steòrnabhagh. Bha 55 oileanach aice agus ma théid an

àireamh suas, mar a tha dùil a théid, 's ann a dh'fheumar dà sgoil a chumail. Tha ullachadh 'ga dhèanamh gu Sgoil Shamhraidh na h-ath bhliadhna a chumail ann an Steòrnabhagh bho'n 5-17 latha de'n Iuchar is gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho'n Iar Fhear Stiùiridh, An Comunn Gaidhealach, 91 Sràid Chrombail, Steòrnabhagh.

COMHAIRLE AN EALDHAIN 'S A' GHNIOMHACHAIS

Choinnich a' Chomhairle sia uairean fad na bliadhna.

Bha deagh thalla aig a' Chomhairle air son an fhoillseachaidh aig Mòd Nàiseanta an Obain. Fhuair barrachd ghnòthachan ann an co-fharpaisean na cloinne na bh'ann riamh roimhe, a' mhor-chuid dhuibh bho Sgoilean Siorrachd Pheairt. Bha 'n àireamh a fhuair bho na h-inbhich car mar a bha i 'n uiridh. Bha dealbhannan, glainne a rinneadh 'san Oban, obair airgid, agus cuibhrig-leapa a bha 80 bliadhna a dh'aois 'san fhoillseachadh. Chuireadh Fo-chomhairle Ionadail air chois gu ullachadh a dhèanamh roimh làimh ré ám an fhoillseachaidh, rud a chuidich gu mór leis an obair.

Ged a thadhail mórán gu sùil a thoirt air an fhoillseachadh cha robh an àireamh ach beag an coimeas ris an t-sluagh mhór a' fritheil co-fharpaisean seinn is an déidh so nithear oidhirp gus am foillseachadh a thoirt gu aire dhaoine anns gach talla. Tha a' Chomhairle cuideachd a' cur romhpa tuilleadh ghoireasan dùthchasach fhaighinn gus an reic.

Dh' éirich a' cheist an e ám a' Mhòid an t-ám as fheàrr air son an fhoillseachaidh — 's dòcha gum biodh e na bu shoirbheachaile nam biodh e air a chumail as t-samhradh ann am bailtean a tha luchd-turuis a' tadhal. Tha a' Chomhairle a' dol a dhèanamh tuilleadh rannsachaidh air a' chùis.

Tha leabhran le Co-fharpaisean Mòd Nàiseanta, 1971, ri fhaotainn bho Oifisean A' Chomuinn.

COMHAIRLE ROINN A CHINN A TUATH

Foghlum: Chumadh ceithir coinneamhan am bliadhna agus bha sinn ag gearain cho beag 'sa bha gabhail brath air a chothrom coinneamhan a fhrithealadh. Chaidh deagh adhartas a dhèanamh a thaobh foghlum ré na bliadhna agus tha sinn fada an comain na siorramachdan a tha cumail na h-oibreach so a' dol. Tha suas ri 8,000 de chlann a nis a faighinn cothrom Gaidhlig ionnsachadh 's na sgoiltean. Tha na siorramachdan cuideachd a cumailampaichean airson luchd ionnsachaidh agus Gaidheil fhéin — bha còrr is 130 aigampaichean ré na bliadhna.

Farpais Eachdraidh is Beul-Aithris: 'Se Sgoil Cheòis a Leódhas a thug bàrr air sgoiltean eile am bliadhna agus a bhuinig Cuach Thròdairnis. Thatar an dòchas breith a thoirt air oidhirpean na h-ath bhliadhna roimh dheireadh an t-samhraidh feuch an gabh barrachd sgoiltean pàirt 'san farpais. 'Se Sgoil

Cheanna Bhaigh an Uibhist is Acadamaidh Rìoghail Inbhirnis a cnoisinn na duaisean eile.

Ceol: Dheasaich Fear Deilbhe a Chiùil an siorramachd Rois is còmhlan thid-searan a Stearnabhagh teipichean teagasg a chaidh a chraoladh air a Bh.B.C. Le gainne thidsearan gu h-àraidh o'n chaidh feadhainn a chuir dheth troimh 'n G.T.C. tha barrachd feum air cuideachadh de'n t-seòrsa so agus tha sinn mòr as an fheadhainn a tha ris an obair.

Comhairle Leabhraichean Sgoile: Tha a' chomhairle so air snas is dreach ùr a chur air leabhraichean chloinne agus am bliadhna tha iad air trì leabhraichean a chur a mach as an t-sreath aig Ladybird. Ged nach eil gu leòr de leabhraichean ann fhathast tha e follaiseach gu bheil a' chomhairle so a' deanamh suas an call.

Sgoil Shamhraidh: Bha còrr is leth cheud a Ameiriga, a Lochlainn, as an Olaind agus bho chriochan Bhreatainn aig an Sgoil Shamhraidh an Leódhas am bliadhna. 'Se Ruairidh MacFhionghuin a bha a rithist air ceann na sgoile agus chan eil teagamh nach ann am meud a tha an obair so a' dol.

Buthan Fios: Tha àireamh an luchd tadhail gu Tigh Obar-Thairbh is Stabull an Rìgh a' seasamh agus tha a nis foillseachadh againn am bùth-fhios an Urras Nàiseanta aig Cul-Lodair. Fhuair eadh cuideachd carabhan bho mheur Inbhir Theòrsa airson a bhi air chuairt feadh an t-samhraidh. Chaidh leabhraichean a chlà-bhualadh mara leanas air t.d. 27.

Drama: Rinneadh oidhirp air Féis a chumail aig am biodh sgoiltean is inbhich le dealbhan-cluich airson farpaisean is cuir-seachad ach leis mar a tha na h-aiseagan is droch thide cha deach so air adhart.

An Cruinne: Tha 1123 de bhuill a nis 'sa Chruinne, ni a tha dearbhadh gu bheil feum air a leithid de chomunn.

COMHAIRLE ROINN NA H-AIRDE DEAS

Choinnich a' Chomhairle ceithir uairean ré na bliadhna.

